Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Oifisean Fèisean nan Gàidheal
111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis

Diardaoin 2 Dùbhlachd 2010 @ 2.00f

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org



Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith air a cumail ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal, 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis bho 2f, Diardaoin 2 Dùbhlachd 2010

Clàr Chùisean

4.2010.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair
(b) Leisgeulan
(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd — Airson Aontachaidh
(d) Cùisean a' togail ceann
(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidheann Ghnìomh — Airson Fiosrachaidh
(f) Geàrr-chunntas bho na coinneamhan mu dhereadh de Bhlas Earranta — Airson Fiosrachaidh

4.2010.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a-rèir Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Blas 2011 — Airson Deasbaid agus Co-dhùnadh
(c) Cèilidhean Naoimh Anndra — Aithris

4.2010.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisg Ionmhais — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire — Airson Fiosrachaidh
(c) Cunntasan Ràitheil gu 30 Sultain 2010 — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d) Dreach Bhuidseat Riaghaltas na h-Alba — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

4.2010.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Lèirmheas le Alba Chruthachail air Prìomh Bhuidhnean maoinichte — Airson Fiosrachaidh

4.2010.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Luchd-Obrach — Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b) Coinneamh Bhliadhnail agus Co-labhairt 2011 — Co-dhùnadh mu àite

4.2010.06 EILE

(a) Ceann-latha nan coinneamhan airson 2011 — Airson Aontachaidh
(b) Coinneamh den Bhuidheann Ghnìomh — Pàipearan tro phost-d a-mhàin

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail sa Cheilidh Place, Ulapul, bho 2f air Dihaoine 24 An t-Sultain 2010

Àireamh a' Chlàr Chùisean: 4.2010.01(c)

3.2010.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Catrìona Nic an t-Saoir (Cathraiche), Mairead Chamshron, Bernard Bell, Fiona NicIain, Katag NicNèil, Màiri Oakley, Ann Marie Reid (HIE), Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Moreen Pringle (an làthair), Aonghas MacLeòid (an làthair/taisbeanadh), Dougie Beck (ag eadar-theangachadh)

(b) Leisgeulan

Claire Bee, Seònaid NicDhòmhnaill, An Comhairliche Agnes Rennie (CnES), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Iain Mac a' Ghobhainn (Comhairle Ealain na h-Alba)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 27 An Cèitean 2010 a sgaoileadh. Mhol Katag NicNèil gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh. Chaidh seo aontachadh leis a' Bhòrd agus Bernard Bell a' cur a thaic ris.

(d) Cùisean a thog ceann

Cha robh gin a chùisean a thog ceann.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidhinn Riaghlaidh

Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air a' fòn air 2 An t-Sultain 2010 a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Thuirt Art MacCarmaig gun d'fhuaras litir bho Alba Chruthachail ag ràdh gum biodh iad, sa bhliadhna ionmhais seo, a' toirt an aon uiread de mhaoineachadh do bhuidhnean agus a fhuair iad bho Chomhairle Ealain na h-Alba.

3.2010.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh cur an gnìomh Prògram Obrach Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas, gu ruige seo, air cur an gnìomh Prògram Bliadhnail Fèisean nan Gàidheal a sgaoileadh agus thugadh fa-near dha.

Dh'aontaich na Buill gu robh e uabhasach feumail a bhith a' faicinn mar a bha obair na buidhne a' dol air adhart, agus bha iad toilichte gun robh an leithid de phròiseactan a' dol air adhart.

Bha òganaich bho na Fèisean air a bhith an sàs ann am pròram mu Dhuaisean a' Chrannchuir aig a' BhBC o chionn ghoirid, agus bha sin a' coileanadh targaid a th' aig HIE, gum faigh na Fèisean aithne am measg meadhanan na Rìoghachd Aonaichte aig ìre nàiseanta.

(b) Fèis Bhlais 2010 agus 2011

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh a' toirt fiosrachadh do bhuill mu mar a chaidh do Bhlas 2010, agus mu na planaichean airson Blas 2011.

Shoirbhich gu mòr le Blas 2010 agus bha moladh mòr aig luchd-èisteachd air an fhèis. Bha luchd-turais bho 20 diofar dhùthaich an làthair aig tachartasan Bhlais. Bha an àireamh iomlan de dhaoine a chaidh gu Blas nas ìsle na an-uiridh, ach cha robh an uiread de phrìomh thachartasan ann am-bliadhna. Fhuaras maoineachadh a bharrachd bho EventScotland a

chuidich sinn le bhith a' cur air dòigh 12 tachartas fon cheann "Tìr a' Bhìdh agus nan Deochan", agus chòrd sin gu mòr ri daoine.

Cha robh na figearan deireannach rim faotainn, ach bha e cha mhòr cinnteach gum biodh iad a rèir a' bhuidseit.

A thaobh Bhlais 2011, chaidh coinneamh de Bhuidheann Stiùiridh Bhlais a chumail air 13 An t-Sultain gus bruidhinn mun t-slighe air adhart. Cha b' e coinneamh fhurasta a bh' ann agus chaidh innse do Chomhairle na Gàidhealtachd nach b' urrainn do dh'Fhèisean nan Gàidheal cumail orra a' ruith na fèise mura faigheadh iad maoineachadh iomchaidh ann an ùine nach biodh fada.

Às dèidh nan còmhraidhean sin chaidh aontachadh:

- Gun coimheadadh oifigearan Comhairle na Gàidhealtachd ri cothroman maoineachaidh a dheigheadh aontachadh le Bòrd Ro-innleachdan Cultarach na Gàidhealtachd;
- Gun coimheadadh Fèisean nan Gàidheal ri cothroman maoineachaidh eile bho LEADER agus Bliadhna nan Eilean 2011;
- Gun coimheadadh comhairlichean ri cothroman maoineachaidh bho na buidseatan roghnach aig buill;
- Gun dèanadh Buidheann-gnìomha Bhlais plana airson fèis nas lugha a rèir a' bhuidseit a bh' ann an-dràsta, agus dh'fhaodar tachartasan a bharrachd a chur ris an fhèis a-rithist ma gheibhear tuilleadh maoineachaidh.

Chaidh aontachadh cuideachd gum feumadh maoineachadh a bhith air aontachadh tràth san t-Samhain 2010, agus gun tigeadh iad gu co-dhùnadh deireannach tràth san Dùbhlachd co-dhiù a ghabhadh no nach gabhadh an Fhèis a chumail.

(c) Sgeama nan Tabhartasan Ciùil

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh ag innse do Bhuill mun adhartas a thaobh Sgeama nan Tabhartasan Ciùil, a tha Fèisean nan Gàidheal a' lìbhrigeadh fo chùmhnant airson Comhairle na Gàidhealtachd.

San aithisg bha liosta de na Tabhartasan a chaidh a bhuileachadh leis a' Phanal. Chaidh gach sùim a thoirt seachad.

Thug Buill fa-near don aithisg agus do na diofar phròiseactan agus stoidhlichean ciùil a fhuair Tabhartas.

(d) Cèilidhean airson Latha an Naoimh Anndra

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Art MacCarmaig ag innse do Bhuill mu mar a dh'ìarr Comhairle na Gàidhealtachd air Fèisean nan Gàidheal sia cèilidhean a chumail airson Latha an Naoimh Anndra air an oidhche air 26 & 27 An t-Samhain ann an diofar àiteachan air feadh na h-Alba.

Bhiodh na tachartasan air am maoineachadh le Comhairle na Gàidhealtachd agus EventScotland.

Chaidh a mholadh gum bu chòir muinntir nan Cèilidhean air Chuairt a thoirt còmhla airson nan cèilidhean a dheigheadh a chumail ann an Loch Abar, Inbhir Nis, Siorrachd Rois, An t-Eilean Sgitheanach, Cataibh agus Sgìre Spè.

Bha Calum Ailig Mac a' Mhaoilein agus Nicola Simpson a' stiùireadh ghnothaichean às leth Fèisean nan Gàidheal.

(e) Taisbeanadh mun Obair Dràma

Rinn Aonghas MacLeòid, Neach-taice Dràma, taisbeanadh air an obair a bha Fèisean nan Gàidheal an sàs ann a thaobh dràma Ghàidhlig thairis air a' bhliadhna a dh'fhalbh. Am measg nam pròiseactan bha: Sgoil Shamraidh, Meanbh-Chuileag, Pròiseact Rèidio Gàidhlig, Pròiseact

Dràma ann an Earra-Ghàidheal, Panto aig an Nollaig, agus mar sin air adhart.
Thug e luaidh cuideachd air pròiseactan a bha gu bhith ann, nam measg bha pròiseactan rèidio an co-bhuinn ris a' BhBC agus àrd-sgoiltean, agus Cuairt le Panto sna h-Eileanan Siar.

Bha na Buill gu math toilichte leis an uiread de dh'obair a rinneadh agus bha iad dhen bheachd gun robh cothrom fìor mhath aig clann tro dràma Ghàidhlig a bhith a' cleachdadh a' chànain agus a bhith gan cur fhèin an cèill.

3.2010.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisgean Ionmhasail

Chaidh aithisg a dheasaich am Manaidsear Gnìomha, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn an teachd-a-steach agus na cosgaisean aig Fèisean nan Gàidheal suas gu 31 am Màrt 2011, a thuilleadh air aithisg leis na suimeannan a fhuaras agus a chaidh a chosg suas gu 31 an Lùnastal 2010 agus liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2010-11, a bha cuideachd a' sealltainn nan suimeannan a chaidh a phàigheadh do dh'Fhèisean aig 31 An Lùnastal 2010.

Thug Buill a' Bhùird fa-near do na h-aithisgean.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire

Mar a bha na cunntasan aig an àm:
- Cunntas Làitheil: £2,128.54
- Cunntas Àrd-rèidh: £202,560.59
- Cunntas Bhlais: £1,812.98

(c) Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 30 An t-Ògmhios 2010

Chaidh Cunntasan Riaghlaidh airson na ràithe gu 30 An t-Ògmhios 2010, a dheasaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(d) Cunntasan Bliadhnail gu 31 Am Màrt 2010

Chaidh na Cunntasan Bliadhnail a dheasaich Mann Judd Gordon a sgaoileadh. Bhiodh an Neach-sgrùdaidh, Andaidh Cuimeineach, an làthair aig a' Choinneimh Bhliadhnail ma bha ceist aig duine mu na Cunntasan.

Mhol Bernard Bell gum bu chòir gabhail ris gu bheil na Cunntasan Bliadhnail ceart agus thug Fiona NicIain a taic dha.

Bha na Cunntasan a-nis air an seulachadh, agus chaidh an cur air beulaibh na Coinneimh Bliadhnail na b'fhaide air an latha.

(e) Measadh Buaidhe Eaconamach HIE

Chaidh lethbhreac de *Mheasadh Bhuaidhean Eaconamach is Sòisealta nam Fèisean agus Fèisean nan Gàidheal* a sgaoileadh, measadh a bharantaich HIE.

Bha an aithisg a' sealltainn gun robh na Fèisean a' cur £2m ri eaconamaidh sgìre HIE gach bliadhna agus gun robh Fèisean nan Gàidheal a' cruthachadh 49 obraichean air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan a-mhàin, agus gun robh mu 13,000 duine-cloinne a' dol an sàs ann an tachartasan a fhuair taic bho Fhèisean nan Gàidheal.

Chuir Art MacCarmaig fàilte air an aithisg a bha a' sealltainn nam buannachdan eaconamach is sòisealta a bha ag èirigh bho obair na buidhne.

Bha Buill a' Bhùird den bheachd gun robh e anabarrach math a bhith a' faicinn dealbh de bhuaidh fharsaing nam Fèisean air feadh na h-Alba.

3.2010.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Rannsachadh mu choinneimh a' Phoileasaidh Ghàidhlig

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein air an adhartas a rinneadh air an rannsachadh mu sgilean cànain an luchd-teagaisg.

Bha an Suirbhidh airson Luchd-teagaisg air a bhith air-loidhne bhon Ògmhios agus bha aig daoine ri a lìonadh a-steach leis an 30mh An t-Sultain 2010. Gu ruige seo fhuaras 154 freagairtean a thug fiosrachadh feumail dhuinn air dè cho fileanta agus a bha luchd-teagaisg, dè an uiread de Ghàidhlig a bha iad a' cleachdadh, an ùidh a bh' aca an cuid Gàidhlig a leasachadh, agus dòighean trèanaidh a dh'fhaodar a chur gu feum, m.s.a.a.

'S e an ath cheum, coimhead air gach suirbhidh fa leth, agus bruidhinn ris gach neach-teagaisg feuch dè an dòigh as fheàrr trèanadh a thoirt dhaibh. Gheibh am Bòrd barrachd fiosrachaidh mu seo aig an ath choinneimh san Dùbhlachd.

Thug na Buill fa-near don adhartas agus bha iad air am misneachadh leis an ùidh a bha luchd-teagaisg a' sealltainn ann a bhith a' leasachadh nan sgilean Gàidhlig aca.

3.2010.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh. Chaidh na h-aithisgean ùrachadh a rèir nan targaidean ùra a th' anns a' Phlana Leasachaidh ùr aig Fèisean nan Gàidheal airson 2010-15. Thug an Cathraiche taing don luchd-obrach airson na h-obrach a tha iad a' dèanamh.

(b) Pròg ram na Coinneimh Bliadhnail & na Co-labhairt

Chaidh aithisg a sgaoileadh ag innse don Bhòrd Stiùiridh mu na planaichean airson na Coinneimh Bliadhnail agus na Co-labhairt a bha gan cumail air an deireadh-sheachdain (Dihaoine 24 – Disathairne 25 An t-Sultain 2010), agus thugadh fa-near dhi.

Thugadh fa-near dha cuideachd nach robh gin a Bhuill gu bhith a' fàgail na dreuchd aca an-dràsta agus mar sin chan fheumamaid taghaidhean a chumail am-bliadhna-sa.

(c) Iarrtas airson Ballrachd

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh mu iarratas airson ballrachd a fhuaras bho Chomataidh Fèis an Iar Thuath a bha ag iarraidh Fèis ùr a stèidheachadh ann an Sgobharaidh.

Thugadh fa-near gun robh dleastanas againn, fo riaghailtean an Aonta Mhaoineachaidh le Comhairle Ealain na h-Alba/Alba Chruthachail, a bhith ag obair aig ìre nàiseanta agus a bhith a' leudachadh ar n-obrach gu sgìrean ùra. Tha e cuideachd mar phàirt den aonta le HIE gun stèidhich sinn dà Fhèis ùir anns na Sgìrean Cugallach aca ann an 2010.

Nan deigheadh Fèis ùr a stèidheachadh, bhitheamaid air na riaghailtean seo a choileanadh.

Bha Comataiadh na Fèise air leth dìoghrasach agus bha iad gu mòr airson a bhith nam ball de na Fèisean. Cha bhiodh ach àireamh bheag de chloinn an sàs san Fhèis agus mar sin cha bhiodh cosgais ro mhòr ann. Bha iad an dòchas a' chiad Fhèis aca a chumail tràth sa Bhliadhn' Ùir.

Chaidh aontachadh gun gabhadh ris an iarrtas bho Fhèis an Iar Thuath a bhith nam ball de dh'Fhèisean nan Gàidheal.

3.2010.06 EILE

(a) Ceann-latha na h-Ath Choinneimh

Thèid an ath choinneamh a chumail ann an Inbhir Nis air Diardaoin 2 An Dùbhlachd.

(b) **Coinneamh Buidheann Riaghlaidh Fèisean nan Gàidheal**
Chaidh pàipearan a sgaoileadh am measg nam Ball air a' phost-dealain.

(c) **Co-labhairt mu Chultar**
Bhruidhinn Ann Marie Reid bho HIE air Cho-labhairt mu Chultar a bha HIE a' dol a chumail ann an Inbhir Nis san t-Samhain. Bha i a' smaoineachadh 's dòcha gun còrdadh e ri cuid a dhaoine bho Fhèisean nan Gàidheal a dhol ann agus gum biodh e feumail dhaibh.

Fhuair Art MacCarmaig fiosrachadh mun Cho-labhairt agus bha e a' dol ga sgaoileadh am measg Buill a' Bhùird.

Fèisean nan Gàidheal

Minutes of the meeting of the Executive Group held on Friday, 19 November 2010 from 10.00am via telephone conference

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2010.01(e)

EX4.2010.01 PRELIMINARIES

(a) Present

Catriona MacIntyre (Fèis Lochabair, Chair), Maggie Cameron (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Fiona Johnston (Fèis Fhoirt, Secretary/Treasurer), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager), Calum Alex MacMillan (Fèisean nan Gàidheal Development Manager)

(b) Apologies

Morag Anna MacLeod (The Highland Council), Ann Marie Reid (Highlands & Islands Enterprise), Ian Smith (Creative Scotland).

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval

Minutes of the meeting held on 2 September 2010 had been circulated and approved.

(d) Matters arising

The Social and Economic Impacts of the Fèisean published by Highlands and Islands Enterprise had received good press coverage and had encouraged very positive responses.

EX4.2010.02 PROJECT UPDATES

(a) YMI in Highland (verbal - Arthur)

The YMI contract for Highland was continuing as normal.

Rae MacEachern spent a day with providers recently to discuss issues relating to tutors expenses and fees. Some tutors felt the mileage allowance was not sufficient and there were also issues with travelling long distances.

Contracts with schools have to be fulfilled and they were looking at alternative methods such as video-conferencing for Small Isles schools as well as one visit for a longer period.

(b) Blas Festival 2011 (circulated – Arthur)

Arthur had presented a paper to the Blas Board on 2 November and this was also circulated in the Executive papers.

Board members were made aware of the ongoing uncertainty of the Blas Festival given reductions in funding available from the Highland Council. It was maybe possible to run a smaller festival on a very much-reduced budget while seeking new sources of funding.

An application had been made to Year of Islands, and RBS, Caledonian MacBrayne were also to be approached for sponsorship.

Fiona Johnston suggested running the festival every second year so that funding could be guaranteed.

It was agreed that Fèisean nan Gàidheal's finances cannot be put at risk to run the festival and a decision would have to be made on the viability of Blas Festival 2011 at the December Board Meeting.

(c) Cèilidh Trails 2010 (verbal – Anne)

Anne reported that a claim for funding had been submitted to Highland LEADER for £25,000. A further claim would be submitted at the end of December.

Argyll LEADER funding was proving problematic with a further application made at the beginning of November.

Fiona mentioned that Fèis Fhoirt were interested in running a Cèilidh Trail and had been in touch with National Parks but received no acknowledgement to date.

(d) Radio Drama 2010 (verbal – Calum)
Dougie & Angus were working with schools on a radio drama project with help from the Aileag team. 12 plays were put together and being recorded to go out on BBC Radio nan Gàidheal in the New Year.

Angus was busy working with Eden Court and North Highland schools. Dougie was working with Argyll schools.

The written scripts were to go on the website as downloads, including the scripts for the drama festival which were held in Acharacle in June. Angus was also looking at putting sound files on the website.

(e) Meanbh-chuileag Tour (verbal – Calum Alex)
Calum Alex reported that Bòrd na Gàidhlig had offered funding of £20,000 for a six-week schools tour. This consisted of 2 x 3 week blocks starting end of January and beginning of March. Angus was writing the play and the topic chosen by schools was to Wildlife. Artair Donald was going to be employed as the second actor.

There was additional funding of £7,500 from Bòrd na Gàidhlig for a tour of English medium schools in Lochaber and Argyll to raise awareness of Gaelic in schools, similar to one that ran in Perth & Kinross previously.

Catriona questioned how schools were to be chosen. It was decided that a mix of schools would be contacted, those that were already supportive and also those new to possibly encourage them to take up GLPS in schools.

(f) St Andrew's Weekend Cèilidhs (Advert circulated)
5 Cèilidhs were being organised with funding from EventScotland as per the advert.

Most of the staff had been involved in the planning, they had been well advertised and local radio stations were plugging events.

EX4.2010.03 FINANCIAL ISSUES
(a) Financial Report (circulated - Anne)
A report from the Executive Manager had been circulated. There were no concerns over the overall financial position. Anne & Arthur had gone over the budget in October checking expected income against expenditure for the remainder of the year. The financial position would be reviewed regularly over the coming months.

Additional funding was being sought and the £27,500 from Bòrd na Gàidhlig helped the income amount still to be raised. A funding application to Soillse had also been successful resulting in £3k being awarded for a research project connected with the research on Gaelic skills already being undertaken.

(b) Management Accounts to 30.09.10 (verbal - Anne)
Anne reported that Andy Cumming of Mann Judd Gordon had prepared draft management accounts for the last quarter to 30 September 2010 and had spent a day in the office in Portree updating MYOB balances and closing off the accounts for the last financial year.

(c) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)
The current bank balances were given as follows:
- £736.25 in the Current account
- £134,228.65 in the High Interest account
- £806.50 in the Blas account

(d) Grants to Fèisean 2010-11 (verbal - Anne)
First payments had been sent out to all Fèisean entitled to them and all grants were up to date and being paid out on time.

EX4.2010.04 POLICY ISSUES
(a) Gaelic Policy: Next Steps (verbal – Calum Alex)
160 responses had been received and Calum Alex was collating them all. It was anticipated that each tutor would have a Personal Gaelic Plan and access to suitable courses dependant on ability.

It was suggested that a bespoke course might be useful and a small focus group be put together to progress this.

Catriona suggested that a group could possibly meet after the board meeting on Thursday 2 December. It was agreed that Kirsteen Graham, Mary Ellen Stewart, Norman MacArthur, Janice Boag, Angela Macmillan would be contacted to see if they were willing to attend at 4.30pm that day.

EX4.2010.05 DEVELOPMENT ISSUES
(a) Creative Scotland Review of Foundation Organisations (slides circulated - Arthur)
Creative Scotland held a day for Core Funded Organisations at which Fèisean nan Gàidheal was one of three organisations asked to give a presentation. This was well received and Fèisean nan Gàidheal fits well into their foundation organisations model.

Funding for next year is at the same level as last year although there is doubt regarding the £100,000 Lottery Funding which is additional to our core funding. There is a case to be made for this to be consolidated into our core funding from 2012.

Creative Scotland will make a decision on funding for 2012 by March 2011 and this will be helpful in terms of longer term planning.

Following the Scottish Government's budget, there were to be no cuts to Creative Scotland's budget in 2011-12 because they are a new body and had made savings in their merger. There is still uncertainty over YMIS funding but this should be announced in the near future.

EX4.2010.06 BOARD MEETINGS
(a) Agenda items for forthcoming Board meeting
- Progress Reports
- Blas 2011
- Creative Scotland Review

EX4.2010.07 GENERAL
(a) AOCB (verbal)
There was no other business.

(b) Date and venue of next meeting
The next meeting is to be held by phone conference and will be decided after the December Board Meeting

Note of Meeting of the Board of Directors of Blas Festival Limited held at The Highland Council, Glenurquhart Road, Inverness on 13 September 2010

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2010.01(f)1

B2-2010.01 Present

George Stoddart (Chair)
Arthur Cormack
Calum Alex Macmillan
Councillor Michael Foxley
Councillor Hamish Fraser
Councillor John Finnie

Official in Attendance:
Judi Menabney

B2-2010.02 Apologies

None.

B2-2010.03 Note of Previous Meeting

Approved. No matters arising.

B2-2010.04 Blas 2010 – Update

AC reported that early indications were that audiences were lower than last year and only a few gigs were sold out. This was partly predicted, as 2010 did not have the additional product and marketing made possible by Homecoming 2009 funding.

Also, Eden Court Theatre had double booked the Empire Theatre so this large space was unavailable during the week of Blas and the final Saturday night. The finale was switched to Sunday night, with Eden Court providing the venue free of charge, however, this double booking did have an affect on ticket sales.

One gig also had to be cancelled due to the tragic death of a young local man and it was felt inappropriate to hold a dance.

Also, uncertainties about funding for Blas 2010 resulted in the tickets going on sale significantly later than previous years also effecting bookings.

That said, all reports to date were that audiences were very happy audiences and the organisers are hopeful that a balanced budget will be achievable.
AC confirmed that a fairly accurate picture of ticket sales was expected to be available by mid-late October.

In response to a question from JF, GS explained that audience feedback would be gathered by an online survey and by direct email to those who bought tickets through the web site.

AC reported that feedback was also being received from artists performing at Blas and this was very positive, with artists expressing appreciation of how Blas allows them to play alongside different musicians and to create new work.

AC expressed the view that, given the experience of pilots to date, working with other public bodies e.g. National Trusts and Historic Scotland would, in the future, be advantageous.

MF and HF suggested that a report on Blas 2010, including information on the "food and drink" social element and the Schools Programme be put to first available Education Culture and Sport Committee, rather to Gaelic Committee as has become the habit.

B2-2010.05 Financial Report

AC confirmed that, although box office income is still unknown, early signs were that the budget could be managed. All other income is as predicted, with the exception of not having secured PRS income; this will be made up for by savings elsewhere.

MF suggested that a saving could be made by using the Councils Translation Unit, for translation services.

Action point – JM to speak to Kenny Murray.

MF questioned likelihood of HIE and Creative Scotland contributing to future years. AC confirmed that Fèisean nan Gàidheal has an agreement in place for 2011 from Creative Scotland and HIE. Beyond that, Creative Scotland have not signalled how they might fund all foundation clients thereafter and the same is likely true of HIE though not articulated.

LEADER funding "in principle" is secure for 2010-2012 for the Fèis Cèilidh Trails.

A "real budget" including in-kind contributions and voluntary input from Fèisean nan Gàidheal and HC staff, PAN, BBC Alba was presented.

MF suggested a budget be prepared to reflect the likelihood of funding contributions being recurrent/secure. JF asked what difference it would make if security of funding was confirmed. AC explained that it would allow a lot of time and energy spend fundraising to be diverted to more productive tasks. AC explained that three – five years funding commitment would be useful and that Creative Scotland had, at one time, been considering moving to five year funding.

B2-2010.06 Future Funding

Future funding was discussed.

AC explained again FnG's nervousness about carrying all the risk of attempting to run a successful Blas 2011 with a 30% reduction in THC funding.

Board members agreed that the best option would be for the shortfall to be replaced by new funding from elsewhere.

MF explained that the Highland Culture Strategic Board (HCSB) was established as a legacy of H2007. Its purpose was envisaged as enabling all public funders with an art/events remit in the Highlands to agree priorities and joint backing of appropriate, identified events/initiatives.

MF proposed that, as all the bodies represented on HCSB (THC, HIE, EventScotland & Creative Scotland) already individually fund Blas, an opportunity for the future might be HCSB recognising Blas as a common priority.

JM reported that Andrew Dixon, the new Chief Executive of Creative Scotland, would be Creative Scotland's representative on HCFB.

Action - JM to inform MF of date of next meeting to HCFB.

GS summarised that Fèisean nan Gàidheal would be happy to proceed to 2011 festival if The Highland Council/and other bodies agreed to underwrite the potential loss for one year only.

The Highland Council has confirmed that it is not prepared to do that.
Fèisean nan Gàidheal expressed reluctance to carry that financial risk, potentially putting Fèisean nan Gàidheal itself at risk.

AC expressed a view that a slimmed down Blas was not financially viable. MF stated, that as a Director of Blas, he would be unhappy to agree to discontinue Blas without exploring a slimmed down model. MF expressed the view that this was time to baton down the hatches for a few years, as contingency until financial times improve.

AC reiterated he was very keen to commit to make best efforts to make Blas 2011 work on reduced on Highland Council funding. However, Fèisean nan Gàidheal would welcome the "cushion" of underwriting support from the Highland Council (or elsewhere) if 2011 does make a loss.

AC confirmed that if a decision was clear by early/mid November about funding/underwriting arrangements for Blas 2011, it would be possible to launch Blas as previously in January online and at Celtic Connections.

GS agreed with AC that death by many cuts would be the worst outcome for Blas. GS expressed the view, however, that he would support going with 2011 festival with 30% cut and build it back up in the future.

AC reiterated that Fèisean nan Gàidheal's concern was safeguarding Fèisean nan Gàidheal financially.

GS summarised the way forward:

- MF/HF to investigate establishing an alternative secure and confirmed funding source for Blas, including potentially via HCSB.
- AC to defer deadline for Fèisean nan Gàidheal's Board to make a decision on continuing or discontinuing with Blas until December.
- Info to be brought back to the Blas Board on profit and loss of specific events.
- JM to arrange a meeting between MF, HF, Hugh Fraser and Ian Murray to discuss approaches for future funding for Blas.
- Stats on the performance of the Blas 2010 festival to be with Judi by mid- late October.

B2-2010.07 A O C B

No matter were raised.

B2-2010.08 Date of Next Meeting

2nd November at 14:00, Highland Council HQ.

Note of Meeting of the Board of Directors of Blas Festival Limited held at The Highland Council, Glenurquhart Road, Inverness on 2 November 2010

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2010.01(f)2

B3-2010.01 Present

Cllr. Hamish Fraser
Cllr. John Finnie
Arthur Cormack

Official in Attendance – Judi Menabney

B3-2010.02 Apologies

George Stoddart
Calum Alex MacMillan
Cllr Michael Foxley

B3-2010.03 Note of Previous Meeting

Agreed as accurate.

Matters Arising

JM reported that the Gaelic Manager had agreed to trial the Council's Translation Unit providing Blas with translation services, thus enabling a budget saving and providing an additional £1.5k in kind Council support. The Gaelic Manager has requested that, if it is found that the volume of work presents any difficulty for the unit, the Blas Board and he can revisit the arrangement together.

Action – All translation work to be forwarded to Jo Macdonald at the Highland Council. Kenny Murray to be provided with an indication of what requests to expect and an estimated timeframe (**AC**).

B3-2010.04 Blas Festival 2010

AC presented the report prepared by Donna Macrae on Blas 2010.
HF expressed the Board's thanks to Donna for such a thorough, detailed and clear report.
AC explained that the slight reduction in audience numbers on 2009 had partly been predicted, as 2009 programme and marketing had been enhanced by Homecoming 2009 resources. AC further explained that visitor numbers had also been impacted upon by the delayed launch of the 2010 festival and the mix up over Eden Court bookings, which led to the Empire Theatre being unavailable to Blas on two key, established nights.
Despite that, the Board agreed that they were pleased that the festival had performed in line with 2008 event and that very positive audience feedback was particularly pleasing.

B3-2010.05 Financial Reporting

It was noted that the budget remains broadly on track. It was agreed to continue to show the schools programme costs through the Blas budget, as a demonstration of additional financial support by THC to the overall Blas programme.

B3-2010.06 Blas 2011 Positioning Paper

AC presented the report outlining the issues arising from THC reduction in funding by 30% in 2011 and subsequent refusal to underwrite the 2011 festival to that maximum.
He explained that Fèisean nan Gàidheal's (FnaG) overarching, key concerns were –

- FnaG carrying all the financial risk, potentially endangering their core organisation.
- Reputational risk – FnaG fails to deliver on its commitment, or deliver the festival on budget and little by little the festival shrinks in scale and quality until it eventually fizzles out.

AC explained that FnaG Board would require to take a decision at their December Board meeting as to whether or not to proceed with organising Blas 2011, given those risks.

AC did stress that, in principle and corporate risk reservations aside, FnaG would be very committed to trying everything possible to reduce costs and achieve additional new income to successfully deliver Blas 2011 on reduced THC funding, but made it clear that they were already having to cope with cuts to the funding for their core business of supporting Fèisean, and that would have to be their priority. He also requested any help available from THC staff in securing additional funds.

Through general discussion the following suggestions on making expenditure savings were identified –

- Investigate all areas of expenditure, with a view to identifying what THC may be able to provide as in kind support, including postages, minibus provision, insurance, PR and procurement.
- Reduce scale / cost of brochure.
- Re-tender contracts

Suggestions for increasing income / replacing funding reduction included –

- Consider introducing a modest charge to schools for Schools Programme events. **Action** – **JM**
- Committing some of the BnaG funding for GME anniversary celebrations to Blas, perhaps for promoting GME at Blas events. **Action** – **HF**
- Application to Scotland's Islands (and perhaps asking Bogbain to programme one of their proposed Scotland's Islands funded events as part of Blas) **Action** – **AC**
- General agreement that positioning Blas as a priority for the Highland Culture Strategic Board may present the most effective route for going forward. **Action** – **MF / JF / HF**

The Board agreed –

- To appeal to FnaG that they agree to deliver the 2011 event, cutting Blas's cloth to fit the reduction in the Highland Council funding.
- FnaG to be free to decide how the festival should be amended to accommodate the reduction in funding.

B3-2010.07 AOB

JF requested a briefing paper on the Highland Culture Programme and the Highland Culture Strategic Board. **Action** – **JM**

Clarification requested on the details of the £2k cost of Health and Safety Admin for Hangar two. **Action** – **JM**

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas a-rèir Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2010.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air na gnìomhan ann am pròram obrach na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh oidhirp air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (InG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES), Comhairle Earra Ghàidheal agus Bòid (CEB) agus Bòrd na Gàidhlig (BnG) a thaobh cùmhnantan maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

Gus an aithisg a chumail sìmplidh tha sinn air siostam 'DOU' a chleachdadh – Dearg, Òmar & Uaine – agus tha inbhe gach aon dhiubh mar a leanas:
R (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart gum faodar targaidean a chall; **Ò** (Òmar) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh; **G** (Uaine) = Air targaid.

Àir.	Dleastanas sa Phlana Leasachaidh	An Urra ri	Comharran Coileanaidh/Toraidhean	Adhartas	Ìre
1	**LÌBHRIGEADH SHEIRBHEISEAN**				
1.1		A h-uile duine	A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (AC)	Tha obair na buidhne gu lèir ag amas air an seo.	**U**
1.2		Stiùiriche/Bòrd	A' cumail co-dhiù 15 obraichean Ionann is Làn-thìde ann an sgìre HIE (InG)	Tha 13 neach-obrach againn an-dràsta le 11.4 Ionann is Làn-thìde, ach le luchd-teagaisg is cunnradairean, bidh tòrr a bharrachd na 15 obraichean Ionann is Làn-thìde.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	Co-dhìu aon neach gu bhith air fastadh tro sgeama nan oileanach no greis gnìomhachais aig CnaG (BnG)	Tha ùidh aig ceathrar ann an greis gnìomhachais.	**U**
1.3	Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean	Ceannard	A' cumail oirnn le Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean (AC)	Sgeama thabhartasan ann. Tabhartasan gam buileachadh mar a chaidh aontachadh.	**U**
		Manaidsear Gnìomha	Taic do co-dhiù deich thar fhichead Fèis air a' Ghàidhealtachd 's sna h-Eileanan gach bliadhna (InG)	Tabhartasan air an tabhann do 45 Fèisean airson 2010-11. Tabhartasan air an tabhann do 35 Fèisean ann an sgìre InG, le 21 ann an sgìrean dùbhlanach.	**U**
		Manaidsear Leasachaidh	A' cumail oirnn a' maoineachadh leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean (AC)	Ged a tha an sgeama maoineachaidh seo fosgailte a-rithist that tagraidhean againn, b' fheudar dhuinn	**Ò**

				airgead a ghluasad agus tha e coltach nach fhaigh ach trì pròiseactan taic am-bliadhna.	
			Taic do thrì pròiseactan ùra, innleachdach gach bliadhna tro mhaoin leasachaidh airson Fèisean (InG)	Tha dùil gun tèid seo a choileanadh ann an 2010-11.	
		Manaidsear Leasachaidh	Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd (CnG)	Tabhartasan air an tabhann do 19 Fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.	**U**
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle nan Eilean Siar (CnES)	Tabhartasan air an tabhann do 6 Fèisean ann an sgìre Chomhairle nan Eilean Siar.	
			Tabhartasan taice do dh'Fhèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Tabhartasan air an tabhann do 7 Fèisean ann an sgìre Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	
1.4	A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach	Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn le siùil taice ionmholta do dh'Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh'Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh'innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal (AC)	Chaidh gach ball den Sgioba Leasachaidh a chomharrachadh mar Prìomh Oifigear airson buidheann de dh'Fhèisean agus bheir iad taic dhaibh bho latha gu latha. Chaidh coinneamhan measaidh foirmeil a chumail le gach Fèis san t-Samhain agus san Dùbhlachd.	**U**
		Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh/ Oifigear Gàidhlig/ Oifigearan Leasachaidh	A' cruthachadh phoileasaidhean a tha cho furasta 's as urrainn do luchd-obrach saor-thoileach a lìbhrigeadh.	Gach poileasaidh air ùrachadh ann an 2009-10 agus rim faotainn bhon làrach lìn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.	**U**
				Trèanadh ri fhaotainn mu coileanadh phoileasaidhean nuair a dh'fheumas luchd saor-thoileach a dhol an sàs ann.	
				Tha Clàr Cunnartan ann agus cumaidh a' Bhuidheann Riaghlaidh sùil air sin le aithisg bhliadhnail a' dol mu choinneimh a' Bhùird.	
		Manaidsear Gnìomha/ Oifigearan Leasachaidh/ Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	A' leantainn oirnn leis an sgeama airson Uairean Bliadhnail.	Uairean bliadhnail gan tairgse ann an 2010-11 mar phàirt den tairgse tabhartais, le prìomhachas aig Fèisean as fheàrr a tha a' dèanamh feum de na h-uairean.	**U**
				Cumaidh an Sgioba Leasachaidh orra ag obair gu dlùth ri luchd-obrach air am fastadh fon sgeama agus tha cùnnradh gun fheumadh dhaibh a dhol dhan Fhèis Thrèanaidh.	
			Oifigear Leasachaidh air a chumail sna h-Eileanan Siar (CnES)	Jenna Chuimeineach obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle nan Eilean Siar.	**U**
			Oifigear Leasachaidh air a chumail ann an sgìre Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB)	Cairistìona Nic an t-Saoir obair làn-thìde le pàirt-mhaoineachadh bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.	**U**
1.5	A' Cho-labhairt Bhliadhnail	Manaidsear Gnìomha/ Oifigear Ghnothaichean/ Oifigear Trèanaidh	A' cumail Co-labhairt Bhliadhnail (AC)	Chaidh co-labhairt 2010 a cumail san t-Sultain ann an Ulapul far an deach cùisean gu math. Bha Anndra Dixon againn air aoigheachd agus teachdaireachd bhideo bho Fiona Hyslop BPA, Ministear airson Cultair.	**U**
1.6	Àrachas	Manaidsear Gnìomha	Àrachas iomchaidh ann airson Fèisean nan Gàidheal, an luchd-obrach agus obair nam Fèisean.	Àth-sgrùdadh air poileasaidhean agus air an ùrachadh sa Ghearran 2010 le àrachas ùr iomchaidh.	**U**
1.7	Stòras Ionnstramaidean Ciùil	Oifigear Ghnothaichean	A' toirt ionnstramaidean do dh'Fhèisean air iasad	A' leantainn air agus tha an t-seirbheis air a cleachdadh gu tric le Fèisean, tha ionnstramaidean air iasad a'	**U**

				mhòr-chuid den bhliadhna.	
1.8	Fiosrachadh Pearsanta	Neach-tionail Manaidsear Gnìomha	Feumar measadh Disclosure leasaichte a dhèanamh air gach neach-teagaisg is neach-obrach saor-thoileach aig na Fèisean.	Obair leantainneach air a dhèanamh le Sandy Gray agus grunn luchd-obrach a' cur an làmh ris. Thathar a' cumail ag ùrachadh an fhiosrachaidh phearsanta ann ceann gach trì bliadhna.	**U**
			A' cumail oirnn a' dèanamh cinnteach à sàr-mhathas a thaobh Dìon Chloinne agus a' cumail sùil air atharraichean san lagh (AC)	Am poileasaidh air ùrachadh agus fo sgrùdadh fad an t-siubhail agus tha sinn mothachail gu bheil atharrachaidhean gu bhith anns an t-siostam measaidh. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas, agus thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil fiosrachadh Disclosure sgrùdaichte aca.	**U**
1.9	A' cumail Stòr-dàta Luchd-teagaisg nam Fèisean	Oifigear Ghnothaichean	Am fiosrachadh as ùire ri fhaotainn daonnan.	Chaidh stòr-dàta Fèisean nan Gàidheal ùrachadh gu tur, agus bidh cothrom ann am fiosrachadh mu luchd-teagaisg ùrachadh a-rithist ri linn rannsachadh co-cheangailte ris a' Phoileasaidh Ghàidhlig ùir.	**U**
1.10	A' leasachadh, a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte	Oifigear Ghnothaichean	A' leantainn oirnn a' dèanamh as motha airgead as urrainnear bho reic stuthan-foillsichte	Tha sinn a' reic nas urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùithtean, m.s.a.a. Tha bùth a-nis air an làrach-lìn aig http://www.feisean.org/Shop/buth.html.	**U**
1.11	A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach	Oifigear Ghnothaichean/ Luchd-obrach uile		Tha *Faileas* air a chur ri chèile a-nis gu cunbhalach agus air a sgaoileadh gu dealanach a-mhàin gus airgead a chùmhnadh. Fiosrachadh mu gach cùis co-cheangailte ris na Fèisean air a sgaoileadh gu cunbhalach – cothroman maoineachaidh, naidheachdan VAN, naidheachdan SCVO, cothroman obrach, tachartasan m.s.a.a.	**U**
1.12	Taic do dh'Fhèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	A' cruthachadh 2 Fhèis ùr sna Sgìrean Dùbhlanach aig InG (InG)	Feumar an amas seo a choileanadh ro 2012. Ghabh sinn ri iarrtas ballrachd bho Fèis an Iar Thuath.	**U**
1.13	Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fhèisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh	A' cumail oirnn a' toirt taic do phròiseactan Fèis fa leth mar obair leudachaidh an lùib Fèis Bharraigh, Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile (AC)	A' cumail oirnn a' toirt taic do dh'Fhèisean Loch Abar, Fèis Spè agus Fèis Bharraigh.	**U**
1.14	Na Fèisean ag obair còmhla	Manaidsear Leasachaidh/ Oifigearan Leasachaidh		Tha maoineachadh airson Fèisean a bhith ag obair còmhla a' tighinn bhon Mhaoin Leasachaidh againn.	**U**
1.15	Pròg ram Trèanaidh Bliadhnail	Oifigear Trèanaidh & Poileasaidh	A' toirt trèanadh do dheich thar fhichead fèis sa bhliadhna agus do co-dhiù trì fichead 's a còig deug luchd-teagaisg agus luchd-eagrachaidh nam Fèisean coimhearsnachd (InG)	Tha dùil ri 60 com-pàirtiche ann am Fèis Trèanaidh sa Mhàrt 2011. Tha dùil ri mu 30 com-pàirtiche airson Ìre I is Ìre II aig SMO sa Ghearan 2011. Bidh Ìre III air a leasachadh agus air a lìbhrigeadh bhon Ghearran 2011 a-mach.	**U**

			Luchd-obrach gu bhith an-sàs ann an co-dhiù ceithir làithean trèanaidh Gàidhlig (BnG)	Tha trèanadh luchd-obrach a' leantainn air mar a dh'fheumar, agus gheibh an sgioba air fad oideachadh mu Ghàidhlig co-dhiù 4 tursan sa bhliadhna. Bheir luchd-obrach nam Fèisean oideachadh do neach-obrach ùr, no ball ùr, sam bith mu obair na buidhne. Tha Moreen Pringle air a bhith gabhail a' chùrsa Ùlpan. Tha Iona NicDhòmhnaill a' cumail a' dol le Masters (Cultar).	**U**
1.16	A' cruthachadh Lìonra	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh	A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana, Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba nam measg. (AC)	Cumaidh sinn ar ballrachd agus a' cur ri obair an Fhòram Chiùil Thraidiseanta, a tha a-nise na bhuidheann corporraichte le barrachd dhleastanasan. Tha còmhraidhean air a bhith againn le Alba Chruthachail a thaobh cur an-gnìomh na h-aithisg air Ealain Thraidiseanta. Tha an càirdeas obrach againn a' leantainn leis an RSAMD agus Sgoil-chiùil a' Phluic.	**U**
			Ag obair ann an co-bhonn ri buidheann-stiùiridh Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig agus oifigear Ealain na Gàidhlig gus Ro-innleachd nan Ealan Ghàidhlig ùrachadh agus adhartachadh (BnG).	Bidh sinn fhathast nar ball de buidheann stiùiridh nan Ealan Ghàidhlig, agus bidh sinn a' dol gu na coinneamhan aig Bòrd na Gàidhlig airson nam buidhnean Gàidhlig. Bidh Ceannard Fèisean nan Gàidheal an sàs anns a' Chùrsa airson Ceòl Traidiseanta is Gàidhlig aig SMO bho àm gu àm, agus e a' toirt comhairle do dh'oileanaich mun ghnìomhachas chiùil agus cothroman teagaisg a gheibhear aig na Fèisean is cothroman teagaisg eile.	
1.17	A' tagradh	An luchd-obrach/ An Ceannard ga stiùireadh	Ann an co-bhuinn ri Alba Chruthachail, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Bòrd na Gàidhlig, bidh FnG a' leantainn orra a' cur gu mòr ri leasachadh ceòl traidiseanta agus nan ealain Gàidhlig ann an Alba (AC).	Bidh sinn a' cur seachad tòrr ùine air obair tagraidh agus leanaidh seo agus thèid a leudachadh ri linn suidheachadh an ionmhais sa fharsaingeachd. Bidh sinn gu tric a' cur freagairtean gu co-chomhairlean a bheir buaidh air ar n-obair; agus ann an dòighean a bheir buaidh air poileasaidhean.	**U**
1.18	Ceanglaichean Eadar-nàiseanta	Ceannard/ Manaidsear Leasachaidh		Tha ceanglaichean leantainneach againn ri Celtic Colours tron fhèis Bhlas.	**U**
	A' cuideachadh na h-oifigearan eile gus seo a thoirt gu buil.
2.7	**A' brosnachadh Fhèisean ionadail a bhith a' tasgadh stuthan a ghabhadh a chleachdadh airson teagasg san sgìre aca. 6 pròiseactan dualchais ionadail le muinntir Fèis na sgìre air an ceann, agus seo a' toirt dhuinn stòrais air-loidhne a bhios an asgaidh (InG)**
	Ri dhèanamh. A' feitheamh ri fios air maoineachadh.
2.8	**Buidheann Leasachaidh Ro-innleachdail nan Ealain Gàidhlig: An sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealain Gàidhlig mar phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus a' toirt taic do dhreuchd an Oifigeir Ealain a tha SAC/BnG a' moladh (CEA)**
	A' cur taic ris a rèir feum
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.4	**Obair eile ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim**
	Chaidh iarrtas a-staigh gu iDiscover, sgeama a tha a' brosnachadh ionnsachadh neo-àbhaisteach anns na sgoiltean, airson programan bho Fèisean nan Gàidheal. Ged nach do ghabh iad ris, tha Fèisean nan Gàidheal fhathast an dòchas gun tig co-obrachadh ri ùine.
3.7	**Sgeama Bursaraidhean Ciùil: Pròram de bhursaraidhean a lìbhrigeadh taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd mar phàirt de Phròram Ealan na Gàidhealtachd (CnG)**
	Chaidh measgachadh mhath de phròiseictean a chuideachadh tron sgeama seo, bho ceòl Gàidhlig/Albannach gu thrash metal/alternative punk, cuairtean eadar-nàiseanta gu pròram radio. Chan eil cinnt sam bith ann aig an ìre seo gun tachair an leithid a-rithist.
Eile	**Leudachadh/leasachadh Ìre 3 airson luchd-teagaisg** Iona/Val Bryan/Andy Thorburn an-sàs. An dàrna coinneamh gu bhith ann air 3/12/10
	Airgead ùr a thogail – 2 iarratas a chur a-staigh gu buidhnean maoineachaidh sa bhliadhna airson cothroman trèanaidh a thoirt air adhart Ciad iarratas gu SAC/YMI airson trèanadh luchd-teagaisg – soirbheachail (£4450). Iarratas gu Soillse airson rannsachadh air ìrean Gàidhlig a measg luchd teagaisg nam Fèisean. (£3000). Iarrtasan eile – iDiscover, Esmee Fairbairn nach robh soirbheachail.

	Lean air adhart le Pròg̀ram Trèanaidh san-taigh, a' cumail sùil air buidseat Leantainneach. "Ag obair air an Làrach-lìn" le Heckie Cormack, Port Rìgh, 24/08/10. Cùrsa Gràmar aig Clì – Anne Willoughby.
	Cuir crìoch air gach ullachadh co-cheangailte ri Fèis Trèanaidh 2011 agus fiosrachadh a sgaoileadh (dreach ri bhi deiseil 31.10.10) Chaidh dreach chlàr-ama a' sgaoileadh aig a' choinneamh mu dheireadh. Dèiseil airson fhoillsicheadh a- nis. Thèid a cumail eadar Taigh-Òsda Alexandra agus Fort William R C School sa Ghearasdain air 12/13 Am Màrt, 2011.
	Dleastanasan a bharrachd: **Celtic Neighbours** – Tha an iomairt seo air a ruith bhon A' Chuimrigh, agus tha planaichean eadar-nàiseanta aca airson nàbaidhean Ceilteach a thoirt còmhla air phròiseactan a tha iomchaidh eadar na Ceiltich. Tha mi air a' bhòrd-stiùiridh. Dh'fhosgail taisbeanadh nan ealan lèirsinneach (Tìr) as t-Samhain 2010, le caithream-ciùil agus streath de chuirmean roimhe. Chuidich Sgeama Bursaraidh le cosgaisean Catriona Tinney, oileanach aig Oilthigh Ghlaschu, a tha na seinneadair air leth math, agus seann oileanach nam fèisean (Fèis an Earraich agus Fèis Bharraigh). Bha Catriona mar phàrt de thriùir luchd-ciùil a riochdachadh na dùthchannan Cèilteach aca fhèin. Tha gig aig Celtic Connections aca cuideachd (Tìr, 23 Am Faoilleach, Tron Theatre,) còmhla ri Roisin Elsafty. Tha pròiseact dràma do chlann san amharc aca, stèidhichte air am Mabinogion. Tha iad ag iarraidh air Fèisean nan Gàidheal pàirt a ghabhail. (Chaidh an leabhar eadar-theangachadh gu Gàidhlig le Iain MacDhòmhnaill: https://lsh507.securepod.com/gaelicbooks.org/merchantmanager/product_info.php?products_id=602) **Oidhche Naoimh Anndra** Tha mi air a bhith cuideachadh leis na cèilidhean seo a chur air dòigh air feadh na Gàidhealtachd, a' cur luchd-ciùil air dòigh, fir/mnathan an taighe, fuaim, solais, biadh, dorsan, agus eile.

Luchd-obrach	**Moreen Pringle**
Dleastanas	**Oifigear Ghnothaichean**
Ùine	**Sultain – Samhain 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròg̀ram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**<u>Targaid</u>** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.5	**Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)**
	Bha an Co-labhairt Bhliadhnail 2010 air ann An t-Sultain.
1.7	**Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean**
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh an' mhòr-chuid den bhliadhna. Tha an mòr cuid dh' ionnstramaidean a bha anns an oifis air à' dol a-mach gu Fèis Fhoirt, Fèis Ghallaibh, Fèis Rois nan Deugairean agus Fèis a' Bhaile
	Tha an àireamh de Fhèisean a-nis a' cur feum air ionnstramaidean air cothroman gus fastadh ri daoine fa leth a lùghdachadh. Tha iarrtais air ionnstramaidean ciùil doirbh ro-innse airson gu bheil ionnstramaidean eadar dhealaichte a dhith bho bhliadhna gu bliadhna. Bho cionn goirid tha sin air cùmhnantan ùr a cur a-mach airson 3 bogsa-ciùil agus 7 Clarsaich. Gu h-iomalan, tha cùmhnantan a-mach airson: 26 Clàrsaich, 12 Fhidheall, 2 Phìob Beag, 16 Bogsa-ciùil agus 1 Meur-chlàr
1.9	**Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh**
	Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.
1.10	**Leasachadh, Sgaoileadh agus reic foillseachaidhean**
	Tha a' bhùth air an Làrach-Lìn fosgailte airson leabhraichean a cheannach.
1.11	**Dèanamh agus Sgaoileadh Naidheachdan Cunbhalach agus Fiosrachadh Eile**

	Chaidh Faileas air an Làrach-Lìn deireadh An t-Sultain agus tha sin a deisealachadh fear eile airson An Dùbhlachd.
1.19	**Àrdaich agus tog ìomhaigh Iomairt nam Fèisean agus a soirbheachais le dusan pìosan de chòmhdach ionadail/roinneil , trì Pìosan de Chòmhdach nàiseanta agus aon sgeulachd mhòr a bhios air a sgaoileadh feadh Bhreatainn gach bliadhna (Targaid IGE)**
	Tha pìosan de chòmhdach ionadail a' dol a mach. Tha mi ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean agus tha sin à' dèanamh adhartas.
	Dèan sgrùdadh air com-pàirteachasan nas motha leis an earrainn choimeirsealta agus cuideachd ag amas air barrachd bather nam Fèisean a reic (Targaid CEA)
	Tha mi gu bhith ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean.
1.21	**Làrach-lìn agus Teicneolas Fiosrachaidh agus Conaltraidh (TFC)**
	Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach.

Luchd-obrach	**Dougie Beck**
Dleastanas	**Oifigear Dràma**
Ùine	**Sultain – Samhain 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh prògram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (CEA)**
	Bidh mi gu tric a' toirt taic do na Fèisean a thaobh eadar-theangachadh, deasachadh agus dealbhachadh. Tha mi cuideachd an sàs gu mòr ann an deasachadh mu choinneamh obair Sgioba-G aig na Fèisean. Tha mi air a bhith an sàs ann a bhith a' deasachadh leabhar-taice Gàidhlig ùr do dh'Fhèis Rois. Tha an obair againn mu choinneamh seo a-nise cha mhòr deiseil.
1.16	**A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana, Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba nam measg (CEA)**
	Chaidh latha a chur seachad ag obair aig Ionad Bhlàr Chùil Lodair às leth Urras Nàiseanta na h-Alba sa Chèitean, a' toirt clann timcheall an Ionaid tro mheadhan na Gàidhlig. Tha sinn an dùil ceangal maireannach a chur air dòigh agus tuilleadh làithean mar seo a dhèanamh. Tha an ceangal leis a' BhBC a' leantainn, agus tha tha sinn air ceangal ath-bheothachadh le Eden Court. Tha mi fhìn ag obair air pròiseactan rèidio ann an sgoiltean air feadh Earra Ghàidheal is Loch Abar, agus tha Aonghas agus Ruairidh MacNeacail (Eden Court) ag obair air an seòrsa pròiseact ann an Ros, Cataibh, Inbhir Nis, Bàideanach agus Inbhir Narann. Thadhail mi air BBC Radio nan Gàidheal ann an Steòrnabhagh is fhuair mi treànadh ann an clàradh fuaim, is fhuair mi iasad de dh'innealan clàradh, is mar sin 's e mi fhìn a bhios a' clàradh nam pìosan dràma ann an Earra Ghàidheal às leth a' BhBC, ach bidh am BBC fhèin a' dol timcheall sgoiltean Aonghais/Ruairidh. Tha sinn air bruidhinn ri Dualchas Nàdair na h-Alba gus rannsachadh a dhèanamh a thaobh cuspair dealbh-cluiche Mheanbh-chuileag 2011.
1.21	**An Làrach-lìn agus TFC**
	Bidh mi a' cur ris an làrach-lìn mar a tha iomchaidh
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.5	**A' cumail oirnn a' lìbhrigeadh sreath de Fhèisean dràma Gàidhlig (CEA)**
	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, tha sinn ag obair ann an sgoiltean air pròiseact dràma

	airson rèidio, an co-bhonn le BBC Radio nan Gàidheal agus Eden Court. Tha mi fhìn ag obair ann an bun-sgoiltean Thiriodh, Bhogha Mòr, Thaigh a' Chladaich, Rockfield, an t-Sàlein agus Bun-sgoil Ghàidhlig a' Ghearasdain. Bidh am pròiseact deiseil ron Nollaig, agus 's e toradh a' phròiseict seachd dealbhan-cluiche ùra Gàidhlig a thèid a chraoladh leis a' BhBC tràth ann an 2011. Tha Aonghas agus Ruairidh MacNeacail ag obair ann an sgoiltean Gàidhlig air feadh ceann a tuath na Gàidhealtachd air an aon seòrsa pròiseact, agus bidh an obair seo deiseil tràth sa bhliadhn' ùir. Thàinig pròiseact Earra Ghàidheal is Loch Abar 2010 gu crìch san Ògmhios ann an Àth Tharracaill le feasgar de dhealbhan-cluiche Gàidhlig bho sgoiltean bho air feadh na sgìre. Bidh mi a' tòiseachadh air a' phròiseact seo às-ùr san Fhaoilleach. Tha BnaG air aontachadh airgead a thoirt dhuinn airson pròiseact ann am bun-sgoiltean Beurla a bheir cothrom do chloinn beagan Gàidhlig ionnsachadh thairis air grunn seachdainean. Chan chuala sinn fhathast dè an t-suim airgid a bhios ann no dè na sgoiltean dham feum sinn a dhol ach tha sinn an dùil an obair seo a thòiseachadh sa bhliadhn' ùir.
	A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba (BnG)
	Faic gu h-àrd. Bidh sinn a' ruighinn na targaid seo tron obair dhràma againn.
	A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)
	Tha sinn air cuid den luchd-teagaisg, an ostail agus a' bhun-sgoil a chur air dòigh mar-thà. Bidh SSD2011 a' ruith fad 13 làithean, seach 12 latha mar a bha i air bliadhnaichean eile. Tha a h-uile coltas ann gun tèid an oidhche thaisbeanaidh a chumail san Àth Leathan ann an co-bhonn ri Fèis Alba, seach ann am Port Rìgh. Tha do bhruidhinn mi ri MG Alba fhathast.
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2010 air a chumail, le co-dhiù 17 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd aig an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)
	Bha SSD2010 a cheart cho soirbheachail ri bliadhnaichean eile, le 17, aois 14 gu 16, a' gabhail pàirt. A dh'aindeoin na sanasachd a rinneadh ro-làimh, cha tàinig ach mu 40 a choimhead na h-oidhche thaisbeanaidh. Airson SSD2011 bidh sinn a' coimhead air na leanas: • chan eil sinn a' faighinn iarrtasan bho Leòdhas no na Hearadh • tha an luchd-teagaisg ag iarraidh gum bi an Sgoil nas fhaide • 's dòcha gum feum sinn taisbeanadh na h-oidhche mu dheireadh a ghluasad gu àiteigin eile gus barrachd a thàladh ann
	Ag obair ann an co-bhonn ri sgìrean Iomairt Cànain, ag amas a bhith an sàs le co-dhiù 1 phròiseact ùr anns gach sgìre (BnG)
	Leantaineach. Tha sinn a' beachdachadh air diofar rudan airson seo a choileanadh, nam measg obair ann an àrd-sgoiltean a thaobh dràma.
	Bidh cuairt sgoiltean le Meanbh-Chuileag ann ma bhios maoin ann a cheadaicheas dhuinn a dhol air adhart
	Tha sinn dìreach air fios fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig gum bi iad a' toirt dhuinn airgead airson cuairt timcheall 50 bun-sgoil Ghàidhlig ann an teirm an earraich 2011. Ged a chaidh innse dhuinn gu bheil an t-airgead a' tighinn, cha chuala sinn fhathast dè an t-suim a bhios ann, no dè na cumha-chùmhnantan a bhios air an cur oirnn. Tha sinn an dùil gur e "eucoir nàdair" an cuspair a bhios againn airson an deilbh-chluiche, ged a tha sinn a' tuigsinn gum feum sinn rudeigin a chur ann mun chunntas-shluaigh. Tha sinn air Artair Donald fhastadh mar stiùiriche, agus thèid na rehearsals a chumail ann an Glaschu. Tha sinn air £4,000 fhaighinn bho CnES airson am pantomime *Marsaili agus a' Bhleideag Airgid* a thoirt timcheall thallaichean coimhearsnachd san Dùbhlachd. Bidh sinn a' tòiseachadh air a' chuairt seo 6 Dùbhlachd. A bharrachd air Jenna, Aonghas is mi fhìn, bidh Sean MacLeòid, à Col Uarach, còmhla rinn air a' chuairt. Bidh sinn cuideachd a' dèanamh taisbeanadh fosgailte ann an Inbhir Nis 16 Dùbhlachd.

2.13	**A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean**
	'S e an Sgoil Shamhraidh Dhràma an iomairt as motha anns a bheil sinn an sàs a thaobh dheugairean, agus thathas air 50 duine òg a thàladh ann thar trì bliadhna. Bha deugairean ann an Dùn Èideann agus Leòdhas an sàs anns a' phròiseact dràma rèidio a chaidh a ruith ann an 2009/10. Tha an obair anns a bheil sinn an sàs airson Urras Nàiseanta na h-Alba ag amas air deugairean cho math ri clann na bun-sgoile.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.3	**Obair Ghàidhlig sna sgoiltean**
	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd tha sinn an sàs ann an grunn phròiseactan ann an sgoiltean air feadh Alba, agus tha sinn a' feitheamh airson dearbhadh air taic-airgid airson feadhainn eile: Dearbhte: • Pròiseact Dràma Rèidio Earra Ghàidheal (a' dol air adhart an-dràsta) • Pròiseact Dràma Rèidio Rois, Chataibh, Inbhir Nis agus Bhàideanach (a' dol air adhart an-dràsta) • Pròiseact Dràma Earra Ghàidheal agus Loch Abar (a' tòiseachadh san Fhaoilleach) • Panto sna h-Eileanan an Iar (a' tòiseachadh 6 Dùbhlachd) • Cuairt Nàiseanta Mheanbh-chuileag (rehearsals a' tòiseachadh san Fhaoilleach) • Obair ann am bun-sgoiltean a rèir planaichean BnaG airson Seirbhis Ealain Foghlaim (a' tòiseachadh sa bhliadhn' ùir) An crochadh air maoineachadh: • Obair ann an sgoiltean gus taic a thoirt don sgèama GLPS (cha chuala sinn dad mu dheidhinn seo fhathast)

Luchd-obrach	**Aonghas MacLeòid**
Dleastanas	**Oifigear Dràma**
Ùine	**Sultain – Samhain 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**<u>Targaid</u>** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach (CEA)**
	Tha mi air a bhith a' toirt taic do obair Sgioba G a thaobh a bhith a' lìbhrigeadh cur-seachadan aig Fèis a' Bhaile agus Fèis Spè agus ag ullachadh agus a' deasachadh pasganan de gheamannan. Lìbhrig mi dà sheisean de dhràma airson Fèis Spè. Tha mi air a bhith an sàs ann a bhith a' clàradh an dàrna earrainn den leabhar-taice Gàidhlig ùr do dh'Fhèis Rois.
1.16	**A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna roinntean a th' ann a-cheana, Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba nam measg (CEA)**
	Sabhal Mòr Ostaig Air 6 Sultain lìbhrig mi buth-obrach blàthachaidh le geamannan dràma airson mu 20 oileanaich mar phàirt den chiad seachdain den bhliadhna ùr aig Sabhal Mòr Ostaig. **Eden Court** Tha mi air a bhith a' conaltradh gu tric le Ruairidh MacNeacail a tha na oifigear dràma aig Eden Court oir tha Eden Court agus Fèisean nan Gàidheal ag obair còmhla gus am pròiseact dràma

	airson rèidio a' lìbhrigeadh ann an Ros, Cataibh, Bàideanach, Inbhir Narann agus Loch Aillse. Chaidh taic a thoirt seachad aig an ìre deasachaidh agus bhon Dàmhair air adhart tha Ruairidh air a bhith ag obair le na sgoiltean a leanas: Bun-sgoil Bruach na Muilne, Inbhir Narann, Bail' Ùr an t-Slèibh, Ulapul (2 bhuidheann) agus Inbhir Pheofharain (dà bhuidheann). Tha mi a' cur na cinn-là clàraidh air dòigh an dràsta agus tha mi an dùil gun tèid a dhèanamh uaireigin tron chiad cheala-deug den Dùbhlachd. Thathar an dùil gum bi a bhuidheann a leanas de sgoiltean deiseal gus pàirt a ghabhail sa phròiseact eadar Faoilleach agus Màrt 2011: Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Bun-sgoil Thunga, Bun-sgoil Cnoc na Creige, Baile Dhubhthaich, agus Bun-sgoil Drochaid a Bhanna. **BBC Radio nan Gàidheal** Tha an deagh chàirdeas-obrach leis an sgioba riochdachaidh aig Aileag, BBC Rèidio nan Gàidheal a' dol fhathast as dèidh an obair a rinn sinn sa bhliadhna sgoile a dh'fhalbh air a' phròiseact dràma airson rèidio. Thèid seiseanan clàraidh a chumail le sgioba riochdachaidh Aileag tràth san Dùbhlachd airson a' chiad earrainn de dhealbhan-cluiche rèidio. Thèid cothroman co-obrachaidh eile aig BBC Rèidio nan Gàidheal a rannsachadh. **Dabster Productions Ltd & Amanda Millen – InG** Air 11 agus 12 Samhain bha mi aig cùrsa thrèanaidh mu podcasting a mhair dà latha a bh' air a lìbhrigeadh le Dabster Productions Ltd aig Fèis Film Mhoireibh. Chaidh an cùrsa a chur air dòigh le Amanda Millen, Riochdaire Leasachaidh le Iomairt na Gàidhealtachd, aig a bheil ùidh tuilleadh fiosrachadh fhaighinn mu dheidhinn obair Fèisean nan Gàidheal agus cothroman co-obrachaidh.
1.21	**An Làrach-lìn agus TFC**
	Tha an obair air duilleagan-lìn ùr a thaisbeanas pròiseactan drama FnG a leantainn air adhart.
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.5	**A' cumail oirnn a' lìbhrigeadh sreath de Fhèisean dràma Gàidhlig (CEA)**
	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd, tha sinn ag obair ann an sgoiltean air pròiseact dràma airson rèidio, an co-bhonn le BBC Radio nan Gàidheal agus Eden Court. Tha mi fhèin an sàs le buidhnean à Bun-sgoil a' Phluic, Bun-sgoil Loch Carrainn agus Bun-sgoil Gheàrrloch. Thèid na seiseanan clàraidh a chumail tràth san Dùbhlachd. Tha na cinn-là craolaidh rin dearbhadh.
	A' cumail taic ri co-dhiù 80 bùth-obrach dràma ann an coimhearsnachdan air feadh Alba (BnG)
	Faic gu h-àrd. Bidh sinn a' ruighinn an targaid seo tron obair dhràma againn.
	A' cumail Sgoil Shamhraidh Dràma Gàidhlig agus ag obair a dh'ionnsaigh aonta le MG ALBA airson tuilleadh leasachaidh proifeiseanta do dhaoine a nì an cùrsa (InG)
	Tha sinn air cuid den luchd-teagaisg, an ostail agus a' bhun-sgoil a chur air dòigh mar-thà. Bidh SSD2011 a' ruith fad 13 làithean, seach 12 latha mar a bha i air bliadhnaichean eile. Tha a h-uile coltas ann gun tèid an oidhche thaisbeanaidh a chumail san Àth Leathann ann an co-bhonn ri Fèis Alba, seach ann am Port Rìgh.
	Sgoil Shamraidh Dràma 2010 air a chumail, le co-dhiù 17 oileanach le Gàidhlig a' gabhail pàirt agus 100 san luchd-èisteachd agi an taisbeanadh mu dheireadh (BnG)
	Bha SSD2010 a cheart cho soirbheachail ri bliadhnaichean eile, le 17, aois 14 gu 16, a' gabhail pàirt. A dh'aindheoin na sanasachd a rinneadh ro-làimh, cha tàinig ach mu 40 a choimhead na h-oidhche thaisbeanaidh. Airson SSD2011 bidh sinn a' coimhead air na leanas: • chan eil sinn a' faighinn iarrtasan bho Leòdhas no na Hearadh • tha an luchd-teagaisg ag iarraidh gum bi an sgoil nas fhaide • 's docha gum feum sinn an oidhche mu dheireadh a ghluasad gu àiteigin eile gus barrachd a thàladh ann
	Ag obair ann an co-bhonn ri sgìrean Iomairt Cànain, ag amas a bhith an sàs le co-

	dhiù 1 phròiseact ùr anns gach sgìre (BnG)
	Tha sinn a' beachdachadh air diofar rudan airson seo a choileanadh, nam measg obair ann an àrd-sgoiltean a thaobh dràma.
	Bidh cuairt sgoiltean Meanbh-Chuileag ann ma bhios maoin ann a cheadaicheas dhuinn a dhol air adhart
	Tha sinn dìreach air fios fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig gum bi iad a' toirt dhuinn airgead airson cuairt timcheall 50 bun-sgoil Ghàidhlig ann an teirm an earraich 2011. Ged a chaidh innse dhuinn gu bheil an t-airgead a' tighinn, cha chuala sinn fhathast dè an t-suim a bhios ann, no dè na cùmhnantan a bhios air an cur oirnn. Tha sinn an dùil gur e "eucoir nàdair" an cuspair a bhios againn airson an deilbh-chluiche, ged a tha sinn a' tuigsinn gum feum sinn rudeigin a chur ann mun chunntas-shluaigh. Tha sinn air Artair Donald fhastadh mar stiùiriche, agus thèid na rehearsals a chumail ann an Glaschu. Tha sinn air £4,000 fhaighinn bho CnES airson am pantomime *Marsaili agus a' Bhleideag Airgid* a thoirt timcheall thallaichean coimhearsnachd san Dùbhlachd. Bidh sinn a' tòiseachadh air a' chuairt seo 6 Dùbhlachd. A bharrachd air Jenna, mi fhèin 's Aonghas, bidh Sean MacLeòid, à Col Uarach, còmhla rinn air a' chuairt. Thèid na h-amannan deasachaidh a chumail aig Ionad na Drochaid, Steòrnabhagh eadar 1 agus 3 Dùbhlachd leis a' chuairt fhèin a' gabhail àite eadar 6 agus 10 Dùbhlachd (faic gu h-iosal) Bidh sinn cuideachd a' dèanamh taisbeanadh fosgailte aig Ionad an Spectrum, Inbhir Nis 16 Dùbhlachd.

6 Dùbhlachd	madainn 10.00m	Clan MacQuarrie Community Centre
	feasgar 1.30f	Talla Bhrèascleit
7 Dùbhlachd	madainn 10.00m	Ionad na Drochaid, Steòrnabhagh
	feasgar	no performance
8 Dùbhlachd	madainn 10.00m	Sgoil Lionacleit
	feasgar 1.30f	Sgoil Dhalabroig
9 Dùbhlachd	madainn	Talla-coimhearsnachd Bhagh a' Chaisteil
10 Dùbhlachd	madainn 10.30m	Talla-coimhearsnachd an Tairbeirt
	feasgar	Ionad na Drochaid, Steòrnabhagh

2.13	**A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean**
	Sealladh TV & MG Alba – Cuairt Coimiseanaidh Rèidio Chaidh dreach beachd-smuain airson Cuairt Coimiseanaidh Rèidio MG Alba a dheasachadh agus a chur air falbh gu Sealladh TV le sùil gum biodh cothrom aig Fèisean nan Gàidheal agus Sealladh TV obrachadh còmhla nam biodh e soirbheachail. Chaidh coinneamh glè fheumail a chumail le Mòrag Stiubhairt aig toiseach an Dàmhair ach chaidh innse gun tèid a bheachd, a bha aig an ire sin stèidhte air an dòigh-obrach a bh'againn le bun-sgoiltean, a bhacadh leis cho teann sa bhiodh an clàr-ama aig MG Alba agus an ìre riochdachaidh a bhiodh a dhith. **Moladh – Podcasts làn sgilean dràma** Mar thoradh air an rannsachadh gu h-àrd chaidh beachdachadh a dhèanamh air pròiseact ùr a bhiodh na b' fhasa làimhseachadh. 'S e pròiseact-seòlaidh a bhiodh ann air a stiùireadh le Fèisean nan Gàidheal far an tèid ceanglaichean a dhèanamh le roinnean Gàidhlig anns na h-Àrd-sgoiltean ann an sgìre Inbhir Nis m.e. Acadamaidh Inbhir Pheofharain, Acadamaidh Chuil Lodair, Acadamaidh Allt na Muilne, Acadamaidh Bhaile Theàrlaich agus Acadamaidh Rìoghail Inbhir Nis

	le sùil gun tèid podcasts a' riochdachadh agus a' libhrigeadh mar dhòigh gus na sgilean dràma aca a thaisbeanadh. **Bùthan-obrach dràma agus Sgioba G** Eadar an t-Sultain agus an t-Samhain lìbhrig mi bùthan-obrach dràma agus seiseanan airson Sgioba G aig Fèis Spè agus Fèis a' Bhaile. **An Sgoil Shamhraidh Dhràma** 'S e an Sgoil Shamhraidh Dhràma an iomairt as motha anns a bheil sinn an sàs as thaobh dheugairean, agus thathas air 50 duine òg a thàladh ann thar trì bliadhna. Tha an obair deasachaidh agus obair ullachaidh airson an ath Sgoil Shamhraidh Dhràma ann an 2011 air tòiseachadh. Chaidh a dhearbhadh gun tèid a chumail ann am Port Rìgh eadar Diluain 4 Iuchair agus Disathairne 16 Iuchair. Thèid an oidhche thaisbeanaidh a chumail air Dihaoine am bliadhna an àite Diardaoin le dùil gun tèid a chumail anns an Ath Leathainn. **Pròiseact Rèidio** Bha deugairean ann an Dùn Èideann agus Leòdhas an sàs anns a' phròiseact dràma rèidio a chaidh a ruith ann an 2009/10. **Urras Nàiseanta na h-Alba** Tha an obair anns a bheil sinn an sàs airson Urras Nàiseanta na h-Alba ag amas air deugairean cho math ri clann na bun-sgoile.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.3	**Obair Ghàidhlig sna sgoiltean** Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd tha sinn an sàs ann an grunn phròiseactan ann an sgoiltean air feadh Alba, agus tha sinn a' feitheamh airson dearbhadh air taic-airgid airson feadhainn eile:
	Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd tha sinn an sàs ann an grunn phròiseactan ann an sgoiltean air feadh Alba, agus tha sinn a' feitheamh airson dearbhadh air taic-airgid airson feadhainn eile: Dearbhte: • Pròiseact Dràma Rèidio Earra Ghàidheal (a' dol air adhart an-dràsta) • Pròiseact Dràma Rèidio Rois, Chataibh, Inbhir Nis agus Bhàideanach (a' dol air adhart an-dràsta) • Pròiseact Dràma Earra Ghàidheal agus Loch Abar (a' tòiseachadh san Fhaoilleach) • Panto sna h-Eileanan an Iar (a' tòiseachadh 6 Dùbhlachd) • Cuairt Nàiseanta Mheanbh-chuileag (rehearsals a' tòiseachadh san Fhaoilleach) • Obair ann am bun-sgoiltean a rèir planaichean BnaG airson Seirbhis Ealain Foghlaim (a' tòiseachadh sa bhliadhn' ùir) An crochadh air maoineachadh: • Obair ann an sgoiltean gus taic a thoirt don sgèama GLPS (cha chuala sinn dad mu dheidhinn seo fhathast)

Luchd-obrach	**Caoimhin Rodgers**
Dleastanas	**Oifigear Leasachaidh Lochabair**
Ùine	**Sultain – Samhain 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhreagadh Seirbheisean**
	• Tha mi air a bhith a' cumail conaltradh gu math trìc ris na Fèisean agam • Chaidh mi gu coinneamhan Fèis Gleann Albainn, Fèis Innis an Uillt, Fèis Lanraig a Tuath agus Fèisean Oigridh na Mara 'sna trì miosea a dh'fhalbh.

	• Tha mi air coinneamhan a chuir air dòigh leis na Fèisean agam a-thaobh an Sgeama Tabhartas • Tha mi air a bhith a' bruidhinn ri Còmairle Peairt is Ceann Rois a thaobh taic-airgead airson Fèis an t-Sratha an ath bhiadhn' • Tha mi fhathast a' bruidhinn ri Fèis Innis an Uillt, Fèis Lanraig a Tuath agus Fèis Ghlaschu mu dheidhinn buidhinn stiùiridh mar a th' againn ann an Lochabar. • Tha mi air a bhith ag obair còmhla ri Anndra Mac Phearson air proiseact ùr co-cheangailet ri Fèis Innis an Uillt, Fèis Lanraig a Tuath agus Bunsgoiltean Condorrat agus Innis an Uilit • Chuir mi Fèis nan Deugaire Lochabair air dòigh san Dàmhair agus bha mi 'n lathair cuideachd. • Tha mi air a bhith a' bruidhinn agus ag obair còmhla ri Emily Edwards agus Ronan Martin gus crìoch a chuir air am prioseact Tasglann a bhios a' coimhead air Lochabar.
1.3	**Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean**
	Tha mi air coinneamhan a chuir air dòigh leis na Fèisean agam mu dheidhinn an sgeama tabhartas agus bidh mi 'g iarradh oirre dreach dem foirm iartais a chuir thugam ron Nollaig.
1.4	**A' toirt taic do dhuine Saor thoileach**
	• Bidh mise a' frìthealadh co-dhiù coinneamh aig gach fèis gach bliadhna cho math ris na coinneamhan bliadhnail aca. • Tha mi air a dhèanamh soillear gu gach fear de na Fèisean agam gu bheil mi 'n còmhnaidh ann ri fhaighinn agus thug mi airmhean pearsanta agam do co-dhiù aonan a-mach à gach comataidh. • Tha e na phairt de 'm plana agam leasannan Ulpan a thoirt seachad do buill aig nach eil Gàidhlig. • Tha mi cuideachd a' coimhead air dòigh ùr a làimhseachadh na h-uairean bliadhnail (gu h-àiridh airson Fèis Lochabair). Ma tha sinn soirbheachail, bidh cuideigin ùr san sgìre aig a bhios an uallach a bhith a' coimhead as dèidh na clasaichean leanntanach agus am planna Gàidhlig againn a' cuir an gnìomh.
1.11	**A' cur ri chèile agus a' sgaoileadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach**
	Bidh mi a' sgrìobhadh naidheachdan dhan làrach co-dhiù gach co-là dheug agus a' cuir riutha an uair a tha feum ann. Bidh mi a' cuir air adhart gach pios fiosrachaidh a bhios a' tighinn thugam gus dèanamh cìnnteach gu bheil fios aig na Fèisean dè tha tachart.
2	**Leasachaidhean ùra**
2.3	**A' cruthachadh shiùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal.**
	Bidh mi a' dèanamh cùrsa Ulpan airson buill chomitaidh sa Bhliadhn' ùr
2.6	**Taic a' leantainn do Chuairtean Cèilidh nam Fèisean**
	n/a
2.13	**A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean**
	Ghabh Fèis nan Deugaire Lochabair àite san Dàmhair. Bha sgioba air leth math againn air a shon – Raonaid Walker, Ingrid Nic Eanraig, Allan Mac Eanraig, Iain Mac Pharlain, Sileas Nic an Ceardaich agus Finlay Wells. Cho math ris na cusrpairean "abhaisteach" mar Fìdheall, Pìob, Meur Chlàr, Òran, Giotar agus Bocsa bha buithtean obrach ri dhèanamh feasgar ann am PA, Claradh, Sgrìobhadh agus Obair còmhlain. Fhuair sinn feedback uabhasach fhèin math bho na h-oidean agus nam com partaichean mu dheidhinn an Fhèis agus gu h-araidh mu dheidhinn na buithtean obrach. Tha sinn gu mòra airson a dhèanamh a-rithist ann am 2011.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.1	**Cùmhnant Iomairt Ciùil na h-Òigridh ann an Roinn na Gàidhealtachd**
	Bidh mi a' bruidhinn ris an oifigear YMI gu math trìc agus bithidh mi a' frthealadh clasaichean san t-Samhain gus fios a bhith agam mar a tha iad air an lìbhreagadh.

Luchd-obrach	**Jenna Mhoireasdan**
Dleastanas	**Oifigear Leasachaidh nan Eilean Siar**
Ùine	**Sultain – Samhain 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròg ram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach** Chùm Fèis Tir a' Mhurain deireadh-seachdain air 7 & 8 Samhain le Norrie MacÌomhair airson clasaichean ùra obair-bhuidhne a' chur air bhog. Ghabh ochdnar chloinne pàirt anns na bùthan-obrach uile gu lèir 's iad airson a bhith mar phàirt den chòmhlan ùr a tha Fèis Tir a' Mhurain airson stèidheachadh anns an sgìre. Thairis air mìosan a' gheamhraidh thèid bùthan-obrach seachdaineil a ruith le dithis neach-ciùil ionadal, Angusina Mhoireasdan agus Daibhidh Ballantyne. Gheibh a' chomhlan stiùireadh ann a bhith a' cur ri chèile seataichean ùra a' gabhail a-staigh na h-innealan-ciùil a leanas; fidheall, bogsa, giotàr, pìob bheag, meur-clàr agus an guthan. An dèidh mòran bhliadhnaichean shoirbheachail na Cathraiche aig Fèis an Earraich tha Kirsteen Ghreumach air gnothaichean na Fèise a chur ann an làmhan Sandy Moireach a bhuineas dha Earbasaig. Bidh mi a' coinneachadh le Sandy aig deireadh an t-Samhain airson stiùireadh agus taic a thoirt dha na dhreuchd ùr. Tha buidheann de dheugairean à Fèis an Earraich air tilleadh à Fèis Phìobaireachd Uilleam Ceanadach ann an Èirinn. Chaidh naoinear air an turas gu Àird Mhacha eadar 11 – 15 Samhain. Fhuair an Fhèis taic airgid bho Iomairt Cholmcille. Anns na seachdainean a dh' fhalbh tha mi ag obair le comataidh na Fèise airson barrachd airgead a thogail mu choinneamh an turas. Chur sinn air dòigh litrichean a' sireadh maoineachadh bho bhuidhnean ionadal. Chun an ìre seo tha sinn taic fhaighinn bho na buidhnean obrach a leanas:
	Buidheann Friseal Mac an t-Saoir £25, Gluasad & Stòr MacDhùghaill £25 Rural Design £50 Taigh-Òsta Rìoghail Phortrìgh £25 agus duais crannchar-gìll £20 (taigh-bìdh) Tha Fèis Thròndairnis airson tòiseachadh as ùr a-rithist. 'S mi an t-oifigear a bhios a toirt seachad stiùireadh dhaibh leis gu bheil iad stèidhichte ann am Flòdaigearraidh san t-Eilean Sgitheanaich. Tha iad air aontachadh Fèis na h-ath-bhliadhna a chumail aig toiseachd an Lùnastal. Tha sinn a' feuchainn ri ceann-là a' lorg a fhreagras oirnn uile airson coinneachadh ri chèile ron Nollaig. Aig an ìre seo, tha mi air coinneamhan a' chur air dòigh le Fèisean a leanas airson foirm-iarrtas 2011/2012 ullachadh ron Fhaoilleachd. Tha mi a' feitheamh air dearbhadh bho cuid dhiubh fhathast; Fèis Taigh Dhonnchaidh 6 Dùbhlachd ri dhearbhadh Fèis Tir an Eòrna 7 Dùbhlachd ri dhearbhadh Fèis Bharraigh 8 Dùbhlachd Fèis Tir a' Mhurain 9 Dùbhlachd Fèis Eilean an Fhraoich 10 Dùbhlachd
1.4	**A' cumail oirnn le sùil taice ionmholta do dh' Fhèisean fa leth tro bhith a' togail air ar siostam le Oifigearan Leasachaidh, a bheir cothrom do dh' Fhèisean ionadail bruidhinn ri aon neach a dh' innseas mu sheirbheisean Fèisean nan Gàidheal** Mar a mhinich mi anns an t-aithisg mu dheireadh a chaidh fhoillseachadh bha mi airson buidheann-stiùiridh a stèidheachadh anns na h-Eileanan an Iar airson cothroman conaltraidh nas fheàrr a leasachadh anns an sgìre eadar na Fèisean. Chan eil e air a bhith furasta buidheann dhen leithid a stèidheachadh fhathast le sgaradh de bheachdan a tighinn bhon na Fèisean fhèin.

	Tha mi a' tuigsinn an duilgheadas a tha againn le gnothaichean siubhal agus an t-astar a bhios aig cuid a' bhuill ri siubhal. Marsin, an àite coinneamhan a chur air dòigh an-dràsta tha mi am beachd moladh Nicola a leasachadh agus cuairt-litir a sgaoileadh timicheall nam Fèisean gach ràithe airson tachartasan nam Fèisean a shanas agus fiosrachadh na buidhne a sgaoileadh cuideachd. Aig toiseachd na bliadhna tha mi cuideachd an dòchas co-labhairt fòn a chumail airson a' chiad uair airson bruidhinn air *Eileanan Alba* airson pròiseact ùr, ionmholta a chur air dòigh eadar na Fèisean ma tha iad ann an aonta agus mi an dòchas gum bi a' choinneamh seo nas freagarraiche dhaibh.
1.13	**A' toirt seachad taic do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh' Fheisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche**
	Chaidh agallamhan a chumail air 18mh den Dàmhair airson neach-rianachd ùr a chur an dreuchd aig Fèis Bharraigh. A' cur nan ceistean rè na h-agallamhan bha Karen NicFhioghain, Cathraiche na Fèise, Katag NicNèill, a tha air bòrd na buidhne agus Jenna Mhoireasdan, Oifigear Leasachaidh na sgìre. B'e Anne-marie NicLeòid a fhuair an obair. B' àbhaist dha Anne-Marie a bhith ag obair na Manaidsear Dealbhachaidh aig BBC Alba ach tha i air companaidh ùr a stèidheachadh i fhèin, Solas Alba Ltd airson taic dealbhachaidh agus seirbheisean solais a thabhann do ghnìomhachais nam meadhanan. Tha Anne-marie fileanta sa Ghàidhlig.
1.16	**A' leudachadh, nuair a ghabhas a dhèanamh, cothroman compàirteachais le buidhnean eile ann agus taobh a-muigh saoghail na Gaidhlig, agus a' leantainn oirnn ag obair sna raointean a th' ann a-cheana, Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba nam measg** Chaidh pròiseact ùr a ruith eadar Fèisean nan Gàidheal, Comunn na Gàidhlig agus Buidheann Leasachaidh Òigridh Uibhist a Deas aig deireadh an Dàmhair. Chaidh airgead a thoirt seachad le Bòrd na Gàidhlig airson bùthan-obrach Ghàidhlig a thabhann anns na h-Ealain. Chaidh an tachartas a chumail ann an Sgoil Lìonacleit ann am Beinn a Faoghla air Dihaoine 29 agus Disathairne 30 Dàmhair. Ghabh 17 sgoilear pàirt anns na bùthan-obrach a bha air an tabhann tro mheadhan na Gàidhlig; dannsa sràid, pìopaireachd, togail dhealbhan agus seinn Ghàidhlig. Chòrd e ri na compàirtichean cur-seachadan dhen leithid fhaighinn an dèidh na sgoile agus tha iad ag iarraidh barrachd cothroman fhaighinn ri teachd.
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.2	**Leantainn le bhith a' cur Poileasaidh Gaidhlig Fèisean nan Gaidheal an gnìomh agus seirbheis taic Gàidhlig a thoirt seachad do na Fèisean air fad tro luchd-obrach agus pròiseactan sònraichte a-rèir an iarrtais**
	A h-uile dàrna seachdain, tha mi a' cur brathan-naidheachd nam Fèisean air loidhne mar phàirt de làrach-lìn na buidhne. Bidh mi a' cur fios thuca ma tha naidheachd a-nochdadh às ùr gus am fàs iad cleachdte ris an làrach againn. Tha mi ag ullachadh sgrìobhadh airson làrach-lìn neo-eisimeileach Fèis Tir a' Mhurain airson cuideachadh a thoirt dhaibh le litreachais agus gràmair. Tha Fèis Eilean na Hearadh a' beachdachadh air Comhlan Rock a chur air dòigh anns an sgìre. Tha comataidh na Fèise airson cothrom a thoirt do ghillean san àrd-sgoil pàirt a ghabhail ann an tachartas Ghàidhlig agus tha iad a' smaoineachadh gum biodh ceòl rock nas tarraingiche dhaibh! Tha sinn fhathast gun coinneamh cheart a chur air dòigh airson leudachadh air a' phroiseact a tha seo ach tha mi an dòchas gum bi fiosrachadh nas mionaidiche agam airson an ath aithisg.
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
3.6	**A' togail air ìomhaigh nam Fèisean le tachartasan a nì sanasachd air ar n-obair**
	Aig toiseachd an t-Samhain, choinnich mi le Marina Mhoireach a tha ag obair aig CnaG airson sgìre Taobh Siar Eilean Leòdhais. Tha sinn airson turas a chur air dòigh dhan a' Chuimrigh le buidheann de dh' òigridh às an sgìre. Eadar an dithis againn tha sinn ag ullachadh tagradh airson mìneachadh dè na buannachdan a thigeadh às an turas. Tha mi air coinneachadh le Peigi NicIllinnein agus Caroline NicIllinnein airson beachdachadh air pròiseact eadar Fèis Eilean an Fhraoich agus Fèis Cheilteach Innse Gall na h-ath-bhliadhna. Tha Caroline air mìneachadh gu bheil iad airson consairt fosglaidh na Fèise a chumail ionadal le òigridh aig a' chridhe. 'S e deagh naidheachd a tha seo dha na Fèisean airson cothrom obair nam Fèisean a thaisbeanadh aig cuirm a tha uabhasach trang le luchd-èisteachd a h-uile bliadhna.

Luchd-obrach	**Christine MacIntyre**
Dleastanas	**Oifigear Leasachaidh**
Ùine	**Sultain – Samhain 2010**

Adhartas a thaobh buileachadh pròram obrach Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**<u>Targaid</u>** Adhartas
1	**Lìbhrigeadh Sheirbheisean**
1.1	**A' cumail oirnn a' toirt taic do agus a' leasachadh Fhèisean fa leth, a' leudachadh nan raointean anns a bheil iad an sàs agus a' stèidheachadh sàr dhòighean obrach**
	• Choinnich mi ris an RSAMD mu bhith a' ruith bùth-obrach dhràma earrach 2011. • Coinneamh bhliadhnail ann an Ullapul • Bha mi an làthair aig Latha Fiosrachaidh Earra Ghàidheal agus Bhòid anns an Òban • Choinnich mi ri Fèis Arainn mun fhoirm thabhartasan aca airson 2011 • Choinnich mi CA Mac a' Mhaolain agus Nicola Simpson airson mo mheasadh pearsanta • Chuidich mi Bun-sgoil Rockfield le bhith a' leasachadh pròiseact dràma airson rèidio • Choinnich mi ri Elizabeth Bain, Fèis Cheann Loch Goibhle, mu iarrtas airson Eileanan Alba • Chum Fèis Dhùn Omhain an dàrna bùth-obrach leth-latha aca • Thadhail mi air Bun-sgoil Rockfield a-rithist airson pròiseact dràma airson rèidio a leasachadh • Ag obair an-drasta gus Cèilidh Latha Naomh Anndrais a leasachadh ann an Drochaid Ruaidh
1.3	**Sgeama Thabhartasan do dh'Fhèisean**
	• Chuir mi crìoch air tagradh ur YMI airson obair-chòmhlain a leasachadh do dh'Ile • Chuir mi crìoch air tagradh do dh'Eileanan Alba airson Fèis Cheann Loch Goibhle • Tha mi an-dràsta ag obair air iarrtas eÌle airson Fèis Ile • Tha mi an-dràsta ag obair air tagradh beag do mhaoin Making Waves às leth Fèis Dhùn Omhain
1.4	**A' toirt taic do luchd-obrach saor-thoileach**
	• A' feuchainn ri taic a thoirt do chomataidhean Fhèisean agus luchd saor-thoileach ann a bhith a' lorg dhòighean ùra airgead a thogail agus an eaconamaidh mar a tha e • Bidh mi a' frithealadh choinneamhan Fèise gu tric • A' sgaoileadh agus a' cur air adhart litrichean-naidheachd anns a bheil fiosrachadh feumail • A' brosnachadh conaltradh eadar Fèisean agus buidhnean Gàidhlig eÌle san sgìre agam ach am bi fios aca mu leasachaidhean ùra
1.11	**A' cur ri cheile agus a' sgaoileadh agus a' reic stuthan-foillsichte**
	• Bidh mi a' cur air dòigh airtigealan agus dealbhan airson Fàileas gu tric • Bidh mi gu tric a' cur fiosrachadh chun an làraich-lìn airson Fèisean ann an Earra Ghàidheal
1.13	**Taiceil do leasachadh nam Fèisean, no buidhnean de dh'Fheisean a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeiliche**
	• Bidh mi ag innse do na Fèisean as motha ann an Earra Ghàidheal mu chothroman leasachaidh ùra • Bidh mi a' brosnachadh nam Fèisean as lugha ann an Earra Ghàidheal gus rudan ùra fheuchainn, leithid bùthan-obrach deireadh-seachdain airson Fèis Cholla, Fèis Dhùn Omhain agus Fèis Mhuile
2	**Leasachaidhean Ùra**
2.3	**A' cruthachdah shùil gus am Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**
	• Thug mi taic do fheadhainn de na Fèisean a thaobh a bhith a' lorg chlasaichean Gàidhlig is Ulpan • Tha mi an-dràsta a' cur air dòigh coinneamh eadar Oifigear Foghlaim Gàidhlig Earra Ghàidheal, Bòrd na Gàidhlig agus Fèisean nan Gàidheal san Dùbhlachd • Tha mi a' bruidhinn ri RSAMD mu bhith a' leasachadh stuthan dràma ùra a ghabhas eadar-theangachadh gu Gàidhlig agus a bhios rim faotainn do luchd-teagaisg nam Fèisean
2.6	**Taic a' leantainn do Chuairtean Cèilidh nam Fèisean**

	• Tha Còmhlan Cuairt Cèilidh Earra Ghàidheal a' sìor neartachadh le consartan ann an Earra Ghàidheal is Loch Abar. Tha iad an-dràsta a' leasachadh pròram airson consart mòr gus airgead a thogail airson sgoil chiùil ann an Sri Lanka. • Bithear a' tagradh do Mhaoin Eileanan Alba airson airgead fhaighinn gus Cuairt Cheilidh Earra Ghàidheal a thoirt don tuilleadh eileanan ann an Earra Ghàidheal.
2.13	**A' frithealadh air Deugairean sna Fèisean**
	• Obair leantainneach le deugairean Fèis Ile • A' leasachadh thachartasan do dheugairean Dùn Omhain • Thathar ag obair fhathast gus tachartasan do dheugairean a chur air bhonn ann an Ostail Ghleann Cruitein • A' brosnachadh deugairean Cuairt Chèilidh Earra Ghàidheal gus leantainn orra a' dèanamh ceòl ann an sgìre an Òbain, a bhios an uair sin a' brosnachadh dheugairean eÌle gus ùidh a thogail ann
3	**Cùmhnantan Com-Pàirtichidh**
	• Comhraidhean a' leantainn le Dòmhnall MacLeòid, Oifigear Foghlaim Gàidhlig Earra Ghàidheal, gus dàimhean-obrach nas treasa a stèidheachadh bhith ag obair leis a' bhuidheann Stramash, a tha stèidhichte ann an Earra Ghàidheal. Mar thoradh air seo bidh Stramash a' tabhann bhùthan-obrach ann an orienteering aig Fèis Latharna 2011. • A' bruidhinn ri QIO Earra Ghàidheal mu bhith a' leasachadh phròiseactan com-pàirteachaidh ann an dràma is ceòl. Tha pròiseactan com-pàirteachaidh riatanach agus an eaconamaidh mar a tha e.

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org